



## DÈ TH' ANN AN DROCH-DHÌOL ANN AN DÀIMH?

### Tha diofar sheòrsaichean droch-dhìol ann.

- Droch-dhìol fhaireachail
- Droch-dhìol fhiosaigeach
- Droch-dhìol fheiseil
- Droch-dhìol dhidseatach
- Droch-dhìol Ionmhasail

### Tha eisimpleirean de gach seòrsa gu h-ìosal.

#### 1. Dè th' ann an droch-dhìol fhaireachail?

Bidh cuid de dhaoine a' cleachdadh droch-dhìol airson smachd fhaighinn air daoine eile. Tha na sanasan seo nas duilghe an aithneachadh, ach dh'fhaodadh na leanas a bhith nam measg:

- A' fàs feargach nuair a tha thu ag iarraidh ùine a chur seachad còmhla ri do charaidean
- Gad chumail air leth bho do charaidean agus do theaghlach
- A' maoidheadh fathannan a sgaoileadh mud dheidhinn
- Ag ràdh rudan mar "Nam biodh gaol agad orm, dhèanadh tu seo..."
- A' cur sìos ort fad na h-ùine
- A' feuchainn ri smachd fhaighinn air do bheatha (ag innse dhut na bu chòir dhut a chur ort a thaobh aodach, cò còmhla ris a bhios tu a' cur seachad ùine agus na dh'fhaodas tu a ràdh)
- A' fàs gu math feargach uabhasach luath
- A' cleachdadh cumhachd ann an argamaid
- A' cur coire air daoine eile airson nan trioblaidean no na faireachdainnean aca
- A' toirt droch bheul

#### 2. Dè th' ann an droch-dhìol fhiosaigeach?

Bidh cuid de dhaoine a' cleachdadh ainneart airson toirt air cuideigin rud a dhèanamh no a' maoidheadh orra a chleachdadh airson smach a chumail orra. Rudan coltach ri:

- Bualadh
- A' toirt dòrn do chuideigin
- Breabadh
- Slaiseadh
- A' putadh neach ri balla agus a' diùltadh an leigeil às
- A' cumail neach eile sìos.

**Dè th' ann an droch-dhìol fheiseil?** Canaidh sinn èigheachadh no droch-dhìol fheiseil ri bhith a' cleachdadh ainneart airson toirt air daoine rudan feiseil a dhèanamh an aghaidh an toil. Faodaidh an seòrsa droch-dhìol seo tachairt ann an dàimh. Rudan coltach ri: 'S e èigheachadh no no

ionnsaigh fheiseil a th'ann toirt air cuideigin gnìomh feiseil sam bith a dhèanamh nach eil iad ag iarraidh. Faodaidh an seòrsa droch-dhìol seo tachairt taobh a-staigh dàimh. Rudan mar:

- A' gabhail *siùrsach*, *slut*, no ainmean eile ort
  - A' cur cuideam ort a bhith ri feise no a bhith a' dèanamh gnìomhan feise
  - A' toirt a-steach dhaoine eile ann an gnìomh feise còmhla riut gun do chead
  - Gad leigeil seachad ma tha thu ag ràdh nach eil thu airson a bhith ri feise
  - A' toirt ort coimhead air pòrn no pàirt a ghabhail ann a bhith ga dhèanamh
  - A' cumail smachd air casg-gineamhainn agus stuthan dìon ghalairean feise
  - A' maoidheadh dealbhan pearsanta dhìot a sgaoileadh gu do charaidean, do theaghlach, do choimhearsnachd no air-loidhne.

### 3. Dè th' ann an droch-dhìol dhidseatach?

- A' cumail sùil air cunntasan nam meadhanan sòisealta agad, ie cò tha a' bruthadh *like*, cò tha a' cur theachdaireachdan thugad?
- A' cur theachdaireachdan neagataibh no tàireil thugad
- A' cleachdadh teicneòlas gus sùil a chumail air na gluasadan agus na gnìomhan agad
- A' cur *nudes* thugad gun chead agus ag iarraidh gun cuir thusa air ais iad
- A' cur theacsaichean thugad fad na h-ùine agus a' toirt ort faireachdainn nach urrainn dhut a bhith air falbh bhon fhòn-làimhe
- Ag iarraidh gun toir thu na faclan-faire agad dhaibh airson cunntasan post-dealain nam meadhanan sòisealta.

### 4. Dè th' ann an droch-dhìol ionmhasail?

- A' toirt dhut airgead agus a' toirt ort innse cò air a chosg thu e
- Gun a bhith a' leigeil leat cothrom fhaighinn air cunntas-banca no airgead
- A' cur stad ort bho bhith ag obair
- A' toirt a-mach fhiachan nad ainm no a' toirt ort fiachan a ghabhail air an son
- Gun a bhith a' toirt airgead dhut airson cosgaisean taighe nuair a tha sibh a' fuireach còmhla
- Gun a bhith a' pàigheadh airson bith-beò chloinne nuair a thig an dàimh gu crìch.

---

Tha Childline a' tabhann comhairle agus taic an-asgaidh do dhaoine òga de gach aois. Ge bith dè an iomagain, ma tha e mu chuideigin air a bheil gaol agad, tha luchd-comhairleachaidh Childline ann airson cuideachadh. Bruidhinn riutha air am fòn, air-loidhne no air post-dealain aig àm sam bith.

Fiosrachadh agus còmhradh <https://www.childline.org.uk/>

Fòn: 0800 1111